



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

# Pàrlamaid na h-Alba

## An-dè is an-diugh

Briog is cum grèim air an  
loidhne-ama gus siubhal tro na  
linntean, no cleached an t-iùl  
aig bonn an sgrion.



1200

1300

1400

1500


1600

1700

1800

1900

2000



### 1235

#### A' CHIAD LUaidH AIR PÀRLAMAID ALBANNACH

Tha am facal 'colloquium' a tha air a chleachdadh anns an achd seo, a' toirt iomradh air coinneamh ann an Kirkliston ann an 1235.

'S e seo a' chiad luaidh sgrìobhte air Pàrlamaid; tha e a' toirt iomradh air seanadh a chaidh a chumail ann an Kirkliston air iomall Dhùn Èideann. Dh'fhàs a' Phàrlamaid à coinneamhan "Comhairle mhòr an Rìgh", agus b' iad sin coinneamhan de dh'uaislean agus luchd-eaglais a bha a' toirt comhairle don rìgh air cùisean poileasaidh agus ceartais.

### 1293

#### A' CHIAD ROILE A MHAIR BHON PHÀRLAMAID

Seula oifigeil Iain Bailiol. Bha an t-seula seo, a' sealltainn an rìgh air a' chathair, air a nasgadh le sgrìobhainnean mar chomharra air aonta rìoghail.

Tha an roile pàrlamaid oifigeil as tràithe a' dol air ais don chiad Phàrlamaid aig Iain Bailiol, a bha na Rìgh air Alba eadar 1292 agus 1296. Tha e a' clàradh na thachair ann an seisean na pàrlamaid sa Ghiblean 1293.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



### 1309

#### AITHRIS NA CLÈIRE

Ìomhaigh umha de Rìgh Raibeart Brus, a' comharrachadh a bhuidh aig Blàr Allt a' Bhonnaich ann an 1314.

Dh'fhoillsich a' chlàir (luchd-eaglais) an taic do Rìgh Raibeart Brus sa Phàrlamaid. Bha seo cudromach oir bha neo-eisimeileachd na h-Alba fo chunnart aig an àm.



### 1357

#### A' CHIAD IOMRADH AIR NA TRÌ OIGHREACHDAN

Bonn airgid Dhàibhidh II (1324-71)

A' chiad chlàradh a mhaireas ann an Alba a' cleachdadh na h-abairt 'Trì Oighreachdan', a tha a' toirt iomradh air na trì buidhnean a bha an cois na Pàrlamaid – a' chlàir (luchd-eaglais), na h-uaislean agus coimiseanairean nam borgh (bailtean).

1200

1300

1400

1500


1600

1700

1800

1900

2000



## 1424

### CIAD ACHDAN PÀRLAMAID GAN CLÀRADH ANNS A' BHEURLA GHALLTA

Achdan pàrlamaid bho rioghachadh Sheumais I, air an sgrìobhadh anns a' Bheurla Ghallta an àite Laideann.

Ron àm seo, tha a' mhòr-chuid de na sgrìobhainnean a mhaireas air an sgrìobhadh ann an Laideann, an cànan airson sgrìobhainnean oifigeil aig an àm. Ach thòisich Rìgh Seumas I chunntasan pàrlamaid anns a' Bheurla Ghallta, cànan a thuigeadh a' mhòr-chuid den t-sluagh. 'S e Achd nam Mèinnean Rìoghail an achd as aosta a tha an sàs ann an Alba an-diugh fhathast, a tha ag ràdh gur ann leis a' mhonarc a tha mèinnean òir agus airgid.

## 1425-26

### A' PHÀRLAMAID A' SEALLTAINN A SPIONNAIDH

Seumas I (1394-1437)

Rinn Rìgh Seumas I grunnan oidhirpean gus toirt air a' Phàrlamaid barrachd a dhèanamh a rèir a thoil sa. Nam measg sin bha e a' moladh atharrachaidhean a dhèanadh a' Phàrlamaid nas coltaiche ris an tè ann an Sasainn. Dh'fhairtlich na h-atharrachaidhean sin, agus chuidich seo a' Phàrlamaid gus guth làidir, agus gu math tric neo-eisimeileach, a chumail suas rè an ath dhà linn.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000





## 1436

### OIDHIRP GUS BACADH A CHUR AIR CUMHACHD RÌOGHAIL

Pleit bhon “Forman Armorial” bhon t-siathamh linn deug, a’ sealltainn Seumas I agus a bhean Seònaig Beaufort a’ caitheamh aodach earraideach (heraldic).

Dh’fheuch Sir Raibeart Greumach, labhraiche nan Trì Oighreachdan, ri Seumas I a chur an grèim ‘ann an ainm nan Trì Oighreachdan uile nur Rìoghachd’, ach cha d’ fhuair e taic sam bith bhon Phàrlamaid. Chaidh an Greumach a chur don phrìosan ach chaidh a leigeil ma sgaoil agus ghabh e pàirt ann am murt an rìgh ann am Peairt air 21 An Gearran 1437.

## 1445

### RIGH FO CHÙMHNANT

Bha Seumas II a’ riaghladh bho 1437 gu 1460, àm neo-sheasmhach nuair a bha diofar bhuidhnean a’ strì airson làn ùghdarras a bhith aca air Alba.

Chaidh Seumas II air mhionnan nach atharraicheadh e reachdas (laghan) gun aonta na Pàrlamaide.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



## 1455

### A' CUR CÒD ÈIDIDH CHEART AIR CHOIS

Priont bhon 17mh linn a' sealltainn 'Marcachd na Pàrlamaid' 1685, caismeachd air eich a bha a' gabhail àite aig fosgladh agus dùnadh gach seisean.

Thug a' Phàrlamaid a-steach còd èididh d'a buill, a' sònrachadh an t-seòrsa cleòca meileabhaid a dh'fhaodadh caitheamh agus an t-seòrsa bian leis am bu chòir dhaibh a bhith air an lìnigeadh. Leigeadh cìs £10 Albannach air duine sam bith a thigeadh don Phàrlamaid leis an èideadh cheàrr orra.

## 1458

### A' PHÀRLAMAID AG ÒRDACHADH CASGAIRT MHADAIDHEAN-ALLAIDH

Achd Pàrlamaid ag òrdachadh uachdarain madaidhean-allaidh nan ceàrnaidh fhèin, agus an àl, a lorg agus a sgrios.

Anns a' chòigeamh linn deug dh'aontaich a' Phàrlamaid grunnan achdan a bha ga dhèanamh laghail agus riatanach madaidhean-allaidh a shealg agus geur-leanmhainn a dhèanamh orra. Bha seilg a' tachairt ceithir tursan sa bhliadhna agus bha sealgairean a' faighinn sia sgillinn airson gach ceann madadh-allaidh a bheireadh iad gu siorram. Rinn na ceumannan seo gun robh am madadh-allaidh air a dhol à bith ann an Alba ron ochdamh linn deug.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



## 1471

### BALL-COISE AGUS GOILF TOIRMISGTE

Achd pàrlamaid a' toirmisg dhaoine bho bhith a' cluich 'fute-ball and the golf'.

Bha smachd theann aig a' Phàrlamaid air spòrs agus cur-seachadan eile, oir bhathas den bheachd gun robh iad sin a' tarraing aire dhaoine bho an obair làitheil. Bha ball-coise agus goilf toirmisgte anns a' chòigeamh linn deug a chum is gun dèanadh fireannaich a bha aig aois cogaidh boghadaireachd, sgile fada na b' fhèarr airson a bhith a' dìon an aghaidh luchd-ionnsaigh.

## 1496

### A' CHIAD ACHD FOGHLAIM

Rinn ceumannan leithid Achd an Fhoghlaim 1496 cinnteach gun robh sgoilearachd nas cumanta air feadh na tìre na bha e anns a' chuid mhòr de dhùthchannan na Roinn Eòrpa.

Dh'aontaich a' Phàrlamaid achd a bha a' dèanamh sgoilearachd èigeantach bho aois a h-ochd do mhic bharanan agus uachdarain beairteach. B' e an t-adhbhar airson an achd seo gus dèanamh cinnteach gum biodh tuigse cheart den lagh aig daoine a bhiodh nan siorraman agus nam britheamhan.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



### 1532

#### A' STÈIDHEACHADH COLAISTE A' CHEARTAIS (CÙIRT AN T-SEISEIN)

An Uinneag Mhòr ann an Taigh na Pàrlamaid, Dùn Èideann, a' sealltainn stèidheachadh Cùirt an t-Seisein ann an 1532 le Seumas V.

Dh'aontaich a' Phàrlamaid achd a' stèidheachadh cùirt an t-seisein airson 'maitheas coitcheann' nan uile. B' e ceum mòr a bha seo gu siostam laghail slàn leasachta agus nuadh. Tha a' bhuidheann sin fhathast ann an-diugh agus tha i os cionn àrd-chùirtean na h-Alba.

### 1560

#### PÀRLAMAID AN ATH-LEASACHAIDH

Iain Knox Searmonaiche a bha a' còrdadh ri mòran agus aon de cheannardan creideimh an Ath-leasachaidh Phròstanaich.

Dhaingnich a' Phàrlamaid gum biodh rèabhlaid creideimh ann le bhith a' briseadh a' cheangail leis a' Phàpa agus an Eaglais Chaitligeach agus a' stèidheachadh a' Chreideimh Phròstanaich.

1200

1300

1400

1500

1600


1700

1800

1900

2000





## 1563

### ACHD NA BUIDSEACHD

Dealbh a' sealltainn an Diabhal a' bruidhinn ri buidheann de bhana-bhuidsichean ann am Bearaig a Tuath 1590-91.

An dèidh coiteachadh bhon Eaglais, dh'aontaich a' Phàrlamaid achd a bha a' ciallachadh gun rachadh duine sam bith a bha a' cleachdadh buidseachd a pheanasachadh le bàs. Air sgàth sin, chaidh na ceudan de bhana-bhuidsichean fo dheuchainn agus an cur gu bàs, leis a' bhinn-bhàis mu dheireadh ann an Dòrnach ann an 1722.

## 1579

### LAGH NAM BOCHD AIR A CHUR AN GNÌOMH

Pìos bho lethbhreac clò-bhuailte de Lagh nam Bochd 1579, a chur an sàs peanasachadh cruaidh do 'luinnsearan agus dèircich'.

Dh'aontaich a' Phàrlamaid lagh ùr, chruaidh gus rian a chumail air na bhathas a' toirt de chuideachadh don àireamh de dhaoine bochda a bha a' sior fhàs. B' e fàs na h-àireimh-shluaigh agus gainnead bìdh uair is uair a bu choireach don mheudachadh seo. Thuir an achd gum bu chòir neach a bha comasach air obair, ach ga diùltadh, a bhith air a chuipeadh agus air a chur do na stocan.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



# 1587

## TRIÙIR A' DOL NAN CEATHRAR

**'Dealbh de 'sederunt' no roile frithealaidh, ag ainmeachadh riochdairean shiorrachdan Shruighlea, Ghlinn Iucha, Pheairt agus Chinn Chàrdainn.**

Dh'aontaich a' Phàrlamaid achd a' riaghladh frithealadh choimiseanairean às na siorrachdan (sgìrean dùthchail). Ged a bha àireamh dhiubh air a bhith an làthair roimhe, cha robh an làthaireachd air a dhèanamh oifigeil chun an achd seo, a bha a' leigeil le gach siorrachd dà riochdaire a thaghadh.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



### 1604

## AONADH PÀRLAMAID LE SASAINN AIR A MHOLADH

**Seumas VI (1566-1625) ann an 1604.**

Ann an 1603 thachair Aonadh nan Crùn nuair a thàinig Seumas VI gu bhith na rìgh air Sasainn a thuilleadh air Alba. Ghluais e gu deas a Lunnainn agus goirid an dèidh sin, mhol e aonadh phàrlamaidean Alba agus Shasainn, ach cha robh taobh seach taobh dealasach agus chaidh an iomairt a leigeil seachad.



### 1632

## A' TOGAIL TAIGH NA PÀRLAMAID ANN AN DÙN ÈIDEANN

**Taigh na Pàrlamaid, ri taobh Àrd-eaglais Naomh Giles, Dùn Èideann.**

Thòisich a' togail Taigh na Pàrlamaid ann an Dùn Èideann air làraich dìreach bhàrr a' Mhìle Rìoghail. Thug seo àite cruinneachaidh buan airson a' chiad uair. Chaidh a' chiad choinneamh a chumail anns an togalach ùr ann an 1639. Chaidh a' mhòr-chuid de choinneamhan na Pàrlamaid, suas ri Aonadh 1707, a chumail anns an dachaigh seo a chaidh a thogail a dh'aona ghnòthaich.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



1633

### PÀRLAMAID CRÙNADH THEÀRLAICH I

Dh'adhbharaich còmhstri Theàrlaich I ri a Phàrlamaidean ann an Alba agus ann an Sasainn cogadh sìobhalta air feadh Bhreatainn agus chaidh a chur gu bàs ann an 1649.

Bha Teàrlach I den bheachd gum biodh a' chiad choinneamh de Phàrlamaid na h-Alba na thaisbeanadh air ùghdarras rìoghail. Ach le oidhirp a' feuchainn ri laghan connspaideach aontachadh, cha tug e an aire do thraidiseanan na pàrlamaid agus chaill e an taic a bh' aig gu leòr de na h-uaislean mòra dha.



1638

### A' CUR AINM RIS A' CHÙMHNANT NÀISEANTA

Seo lethbhreac de Chùmhnant Nàiseanta 1638 a dh'iarr air a h-uile Albannach a dhol an aghaidh a' chreideimh Chaitligich agus poileasaidhean Theàrlaich I.

Chuireadh ainmean ris a' Chùmhnant Nàiseanta an toiseach ann an 1638. Bha e ag iarraidh pàrlamaid agus Àrd- Sheanadh Eaglaise a bha saor bho bhuidh an Rìgh. Chaidh lethbhreacan dheth a dhèanamh airson an sgaoileadh do gach borgh agus sgìre. Bhathar a' toirt 'Cùmhnantaich' air an luchd-taic. Mar thoradh air taic aig mòran aca don Chùmhnant, bha na h-Albannaich a' cur an aghaidh Teàrlach I agus chuir seo ri lasadh cogaidh sìobhalta air feadh Bhreatainn agus Èirinn.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000





## 1640

### A' PHÀRLAMAID AIR A MÙTHADH

Pìos bho lethbhreac clò-bhuailte de dh'achd 1661 a thug air falbh a h-uile lagh a dh'aontaich “pàrlamaidean nan Cùmhnantach” eadar 1640 agus 1648.

Am broinn deich latha a-mhàin dhen Ògmhios 1640, dh'aontaich na h-Oighreachdan seasgad achd a thug cothrom cumhachd air falbh bhon Rìgh chun na Pàrlamaid. Mar eisimpleir, thug Achd Trì bliadhna cumhachd do na h-Oighreachdan Pàrlamaid a chumail aon uair co-dhiù anns a h-uile trì bliadhna, a' toirt air falbh còir an Rìgh seiseanan pàrlamaid a ghairm no a sgaoileadh mar bu mhiann leis. Chaidh na laghan ùr-nodha seo a chur à bith gu ìre mhòr ann an 1661.

## 1652-60

### AN CO-FHLAITHEAS

Tha am pàipear seo, leis a' cheann latha, 12na Giblean 1654, ag innse cumhaichean an aonaidh.

An dèidh dha Teàrlach I a bhith air a chur gu bàs, ghabh Crombail seilbh air a' mhòr-chuid de dh'Alba. Ann an 1651, thàinig Coimiseanairean Sasannach gu tuath a thoirt cuireadh dha sluagh na h-Alba 'pòsadh toileach' a dhèanamh le Sasainn. Chaidh cur às do Phàrlamaid na h-Alba agus dh'fhaodadh Alba riochdairean a chur chun na Pàrlamaid ann an Westminster ann an Lunnainn airson a' chiad uair.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



## 1661

### AISIG NA PÀRLAMAID

Rìgh Teàrlach II ga chrùnadh ann an Sgàin ann an 1651 ach chaidh a chur air fògradh gu 1660 nuair a fhuair e fiathachadh air ais a Bhreatainn gus an rìgh-chathair ath-ghabhail.

An dèidh Aisig Rìgh Teàrlach II chun an rìgh-chathair, chaidh a' chiad choinneamh den Phàrlamaid bho chionn deich bliadhna a chumail ann an Dùn Èideann. Bha i na suidhe fad còrr is sia mìosan, ag aontachadh mòran laghan a bha ag ath-thagradh ùghdarras an Rìgh.

## 1669

### PÀRTAIDH 'DÙBHLANACH' A' NOCHDADH SA PHÀRLAMAID

Uilleam Dùbhghlas, an treas dhiùc Hamaltan, ceannard dùbhlanaich na pàrlamaid anns na 1670an.

Ged a bha daoine fa-leth air cur an aghaidh poileasaidh an Rìgh roimhe, nochd 'pàrtaidh' dùbhlanaich na b' eagraichte fo cheannardas Uilleam Dùbhghlas, an treas dhiùc Hamaltan.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



## 1689

### A' PHÀRAMAID A' GABHAIL RI 'CÒIR A' CHEARTAIS'

**Sanas a' cur an cèill gu robh Uilleam is Màiri nan Rìgh is Banrìgh na h-Alba. Chaidh sanasan a leughadh a-mach aig croisean margaidh agus aig eaglaisean air feadh na dùthcha.**


An deidh bhòtadh gus Rìgh Seumas VII, a chur às àite chuir a' Phàrlamaid a-mach foillseachadh ag innse a còir dhligheach monarc sam bith a bhriseadh an lagh no a bha a' bagairt air saorsa na pàrlamaid, a chur à rèim. Chaidh an Crùn a thabhann do Rìgh Uilleam agus a' Bhanrìgh Màiri, a dh'aontaich cumail ris an aonta eadar an crùn agus na daoine.

## 1696

### ACHD AN FHOGHLAIM

**Achd an Fhoghlaim airson 'stèidheachadh sgoiltean'.**

Chaidh laghan aontachadh a stèidhich am prionnsabal de sgoil anns gach paraiste. Bha na sgoiltean air am maoinachadh le tabhartasan saor-thoileach bho uachdarain air an robh an eaglais agus oifigich riaghaltais ionadail a' cur cuideam.





### 1707

#### CÙMHNANT AN AONaidH

Lethbhreac dearbhte oifigeil de Chùmhnant an Aonaidh 1707.

Dh'aontaich Pàrlamaid na h-Alba Cùmhnant an Aonaidh le Sasainn air 16mh am Faoilleach 1707. Chaidh a' Phàrlamaid a chur an dàil air 25mh am Màrt agus sgaoil i air 28mh an Giblean. Thàinig Aonadh na h-Alba agus Shasainn, mar Rìoghachd Aonaichte Bhreatainn gu bith air 1 Cèitean.



### 1713

#### AN T-AONADH AN IMPIS FÀLLIGEADH

Iain Caimbeul, 2na Diùc Earra-Ghàidheal (1678-1743) a bha air taobh Aonadh Alba agus Shasainn ann an 1707, ach thog e a ghuth na aghaidh ann an 1713.

Chumadh deasbad ann an Taigh nam Morairean air 1 Iuchar 1713 air sgàth nan gearanan bho Bh.P agus uaislean Albannach mu chaochladh chùisean. Bha e a' moladh briseadh an Aonaidh ach, chaidh seo a dhiùltadh le ceithir bhòtaichean a bharrachd a-mhàin.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000





# 1762

## A' CHIAD PHRÌOMHAIRE ALBANNACH

**Iain Stiùbhart, treas Iarla Bhòid (1713-92) nach robh ach bliadhna na Phrìomhaire air Breatainn mus do thill e a dh'Alba gus ùidh ann an lùibh-eòlas a leantainn.**

Chaidh Iain Stiùbhart, Iarla Bhòid, a chur an dreuchd le Seòras III gus a bhith os cionn an riaghaltais ach chuir nach robh e a' còrdadh ri mòran ris an fhaireachdainn an aghaidh na h-Alba ann an Lunnainn agus leig e dheth a dhreuchd an dèidh dìreach bliadhna san oifis.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



## 1832

### ACHD ATH-LEASACHAIDH NA H-ALBA AIR A H-AONTACHADH

Bratach co-aimsireil bho bhaile Lamington, faisg air Bigear a' toirt taic do Bhile an Ath-leasachaidh, a thàinig gu bhith na lagh ann an 1832.


Chun an àm seo, bha an àireamh dhaoine a dh'fhaodadh bhòtadh ann an Alba air a shuidheachadh ann an achd Pàrlamaid bho 1681. Fon achd seo, dh'èirich an àireamh sheataichean Albannach ann an Westminster bho 45 gu 53, agus an àireamh dhaoine a dh'fhaodadh bhòtadh bho 4,500 gu 65,000, a bha mu aon a-mach à ochd den àireamh-sluaigh. Cha tugadh am prionnsabal de 'aon duine, aon bhòt' a-steach gu 1928.

## 1867

### TUILLEADH LEASACHAIDHEAN BHÒTAIDH

Leudaich an achd seo an bhòt chun a h-uile fear (le cumhachan àraidh) agus bha e cuideachd a' toirt cead do dh' oilthighean dà Bhall a thilleadh don Phàrlamaid.

Thug Pàrlamaid cothrom bhòtaidh don t-sluaigh choitcheann airson a' chiad uair, agus Alba a' faighinn Achd Riochdachadh an t-Sluaigh (Alba) aice fhèin a chaidh aontachadh ann an 1868. Thug Achd Baileat 1872 baileat dìomhair a-steach a bha a' dìon luchd-obrach agus luchd-pàighidh màil bho làimhseachadh mì-chothromach.






Democratic  
Government.

### 1885

#### A' STÈIDHEACHADH OIFIS NA H-ALBA

**Diùc Richmond is Ghòrdain, a' Chiad Rùnaire air Alba.**

Chaidh Oifis na h-Alba a stèidheachadh mar roinn riaghaltas Bhreatainn fo Rùnaire na h-Alba. Ann an 1926 chaidh an rèim àrdachadh gu Rùnaire na Stàite.



### 1892

#### KIER HARDIE AIR A THAGHADH MAR BH.P

**Postair iomairt taghadh pàrlamaid do Sheumas Keir Hardie.**

Nochd Seumas Kier Hardie mar iomairtiche sòisealta agus poilitigeach. Ann an 1892, b' esan a' chiad BhP Làbarach (airson West Ham ann an Lunnainn) agus dh'fhàs e gu bhith na phearsa mòr ann am poilitigs Bhreatainn.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



## 1918

### A' BHÒT AIG BOIREANNAICH

**Bratach bho 'Shaoranaich Bhoireann Chill Rìmhinn' pàirt de ghluasad nàiseanta nan suffragettes a bha ag iomairt gus am faigheadh boireannaich còir a' bhòt.**

Mu dheireadh choisinn boireannaich còir bhòtaidh agus seasamh ann an taghaidhean pàrlamaid, leis a' chiad Bh.P boireann air a taghadh ann an 1919. B' i Catriona Mhoireach, Ban-diùc Athaill a' chiad bhoireannach Albannach a chaidh a thaghadh nuair a bhuannaich i seat Chinn Rois agus Taobh Siar Shiorrachd Pheairt ann an 1923.



## 1939

### OIFIS NA H-ALBA A' GLUASAD BHO LUNNAINN GU DÙN ÈIDEANN

**Taigh Naomh Anndrais ga thogail ann an 1938.**

Thàinig Taigh Naomh Anndrais ann an Dùn Èideann gu bhith na phrìomh oifis do dh'Oifis na h-Alba agus chaidh obair roinn an riaghaltais a ghluasad à Lunnainn a Dhùn Èideann.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000





### 1945

#### AN SNP A' BUANNACHADH A' CHIAD SHEAT SA PHÀRLAMAID

**Cartùn à Punch a' sealltainn a' BhP SNP a chaidh ùr thaghadh, Raibeart Mac an t-Saoir, mar Cheann-cinnidh Gàidhealach.**

Bhuannaich An Dr Raibeart Mac an t-Saoir roinn-phàrlamaid Thobair nam Màthar ann am fo-thaghadh, ach chaill e i aig an taghadh choitcheann beagan mhìosan an dèidh sin. Bhuannaich an SNP an ath sheat sa phàrlamaid ann an 1967, an turas seo ann an Hamaltan.

### 1979

#### REFERENDUM SEANADH NA H-ALBA

**Neach-taic airson na h-iomairt referendum 'Yes for Scotland'.**

An dèidh aithisg air a' Bhun-reachd, thug Riaghaltas na RA air adhart molaidhean airson Seanadh Albannach a chruthachadh. Dh'aontaich Pàrlamaid na RA bile air fèin-riaghladh ann an Alba. Dh'fheumte referendum a chumail, agus thachair seo air 1 Màrt 1979. Dh'fheumte 40% den luchd-bhòtaidh bhòtadh airson fèin-riaghlaidh fo chumhachan an Achd, mar sin dheth, cha deach dha na molaidhean leis nach do choileanadh seo. Ged a fhuair iad mòr-chuid de chòrr is 77,000, cha robh ann an seo ach 32.9% den luchd-bhòtaidh uile gu lèir.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



### 1989

## CO-CHRUINNEACHADH BUN-REACHDAIL NA H-ALBA

**Co-chruinneachadh Bun-reachdail na h-Alba a’ coinneachadh ann an Talla an t-Seanaidh ann an Dùn Èideann.**

Bho referendum 1979, dh’fhàs an àireamh de dh’iomairtean airson fèin-riaghladh air choireigin airson Alba. Chaidh Co-chruinneachadh Bun-reachdail na h-Alba (SCC) a chur air bhonn gus sgeama ullachadh airson Seanadh no Pàrlamaid Albannach. Chaidh a’ chiad choinneamh a chumail air 30 Màrt agus ghabh iad ris a’ ghairm “Còir air Ceartas do dh’Alba”. Dh’fhoillsich an SCC aithisg mu dheireadh ann an 1995.

### 1997

## PÀIPEAR GEAL “PÀRLAMAID NA H-ALBA” AIR FHOILLSEACHADH

**Stuthan iomairt referendum bho na h-iomairtean “Yes, Yes” agus “No, No”.**

Mar phàirt de mhanifesto taghaidh, chuir am Pàrtaidh Làbarach roimhe co-chomhairle a chumail ri daoine mu mholaidhean airson fèin-riaghladh. Mar Riaghaltas na RA, dh’fhoillsich iad Pàipear Geal, “Pàrlamaid na h-Alba”, a cur an cèill molaidhean airson pàrlamaid ùr na h-Alba. Air 11 Sultain bhòt Alba ann an referendum. Bha an toradh ann am fàbhar airson Pàrlamaid fèin-riaghlaidh le comasan cìs-atharrachaidh ann an Alba.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



### 1998

#### ACHD NA H-ALBA AIR A H-AONTACHADH

**A' cur Bile na h-Alba air bhog.**

Chaidh aontachadh air Bile na h-Alba a stèidhich Pàrlamaid na h-Alba le Riaghaltas na RA agus fhuair e Aonta Rìoghail air 19mh an t-Samhain. Thaisbean Buidheann Stiùiridh Co-chomhairleachaidh air Pàrlamaid na h-Alba an aithisg “Shaping Scotland’s Parliament” san Dùbhlachd. Mhol seo prìomh phrionnsabalan na Pàrlamaid agus molaidhean air mar a dh’obraicheadh i.

### 1999

#### A' CHIAD TAGHADH PÀRLAMAID ANN AN ALBA

**Fosgladh Pàrlamaid na h-Alba**

Chaidh a' chiad thaghadh gu Pàrlamaid na h-Alba a chumail air 6mh an Cèitean. Dh'adhbharaich an toradh gun deach riaghaltas co-bhoinn eadar na Làbaraich agus na Libearalaich Deamocratach a chruthachadh. Bha a' chiad choinneamh air 12 Cèitean le Sir Dàibhidh Steel air a thaghadh mar a' chiad Oifigear-riaghlaidh. Chaidh a' Phàrlamaid fhosgladh le a Mòrachd a' Bhanrigh air 1 Iuchar. Bhon latha sin ghabh a' Phàrlamaid os làimh a cumhachd reachdan (laghan) a dhèanamh dha Alba air cùisean fèin-riaghlaidh.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



# 1999

## A' CHIAD BHILE AIR AONTACHADH LE PÀRLAMAID NA H-ALBA

**Seòmar-deasbaid na Pàrlamaid aig na togalaich Ard-sheanaidh ann an Dùn Èideann.**

Air 8 Sultain 1999, bha Achd (Alba) Slàinte Eanchainn (Sàbhailteachd Poblach agus Tagraidhean) air h-aontachadh. Chaidh am Bile a thoirt a-steach le Riaghaltas na h-Alba.

1200

1300

1400

1500

1600


1700

1800

1900

2000





### 2000

#### A' CHIAD BHILE BUILL AIR AONTACHADH

**Tavish Scott BPA airson Sealtainn.**

Air 28 Sultain chaidh a' chiad Bhile Buill aontachadh. Bha am Bile Atharrachaidh lasgach (Maorach) na Mara (Alba) air a thoirt a-steach le Tavish Scott BPA.

### 2001

#### A' CHIAD BHILE COMATAIDH AIR AONTACHADH

**Fear de na Seòmraichean Comataidh ann an Dùn Èideann a bha ga chleachdadh mar dhachaigh shealach gu 2004.**

Air 4 Dàmhair chaidh a' chiad Bhile Comataidh aontachadh: Bile Dìon bho Dhroch Dhiol (Alba). Chaidh am Bile a thoirt a-steach le Comataidh Ceartas I.

1200

1300

1400

1500


1600

1700

1800

1900

2000



## 2003

### AN DÀRNA TAGHADH PÀRLAMAID NA H-ALBA

Dealbh a' cur an cèill toradh an taghaidh ann an 2003  
Làbaraich 50, SNP 27, Tòraidhean 18, Libearalaich  
Dheamocratach 17, Uaine 7, SSP 6, SSCUP 1,  
Neo-eisimeilich 3.

Chaidh an dàrna Taghadh Pàrlamaid na h-Alba a chumail: chaidh barrachd BPAan a thaghadh bho na pàrtaidhean na bu lugha agus mar BhPAan neo-eisimeileach. Chaidh an dàrna co-bhoinn aontachadh eadar na Làbaraich agus na Libearalaich Deamocratach gus an riaghaltas a dhèanamh.

## 2004

### A' FOSGLADH TOGALACH ÙR PÀRLAMAID NA H-ALBA AIG TAIGH AN RÒID

An togalach ùr, Taigh an Ròid.

Air a dhealbhadh le ailtirean à Barcelona EMBT agus an com-pàirtichean RMJM Alba, chaidh togalach ùr na Pàrlamaid fhosgladh gu h-oifigeil air 9 Dàmhair 2004 an làthair a Mòrachd a' Bhanrigh.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



## 2006

### 1000mh ATHCHUINGE PHOBLACH AIR A CUR A-STEACH

**Sgoilearan bho Àrd-sgoil nan Uile Naomh a' toirt na h-athchuinge don BhPA Micheal MacMhathain, Ceannard Chomataidh nan Athchuingean Poblach.**

Chuir Àrd-sgoil nan Uile Naomh a-steach an athchuinge seo, 's iad ag iarraidh air Pàrlamaid na h-Alba ìmpidh a chur air Riaghaltas na h-Alba rannsachadh a dhèanamh air a' bhuidh a th' aig alcol a tha saor agus furasta fhaighinn air slàinte a' phobail.



## 2007

### AN TREAS TAGHADH PÀRLAMAID NA H-ALBA

**BPAan a chaidh an taghadh an dèidh taghadh 2007.**

Chaidh an treas taghadh Pàrlamaid Albannach a chumail: chaidh a' chiad riaghaltas sa bheag-chuid a chur air dòigh leis an SNP.

1200

1300

1400

1500


1600

1700

1800

1900

2000



## 2009

### AN 10mh CUIMHNEACHAN BLIADHNAIL AIR FOSGLADH NA PÀRLAMAID

Bha 143 den chloinn a rugadh air 1 Iuchar 1999 còmhla ris a' Bhanrigh aig Taigh an Ròid gus a chomharrachadh.

Air 1 Iuchar chomharraich a' Phàrlamaid an 10mh Chuimhneachan Bliadhnail bho chaidh Pàrlamaid na h-Alba fhosgladh gu h-oifigeil.

## 2011

### AN CEATHRAMH TAGHADH DO PHÀRLAMAID NA H-ALBA, 5 CÈITEAN

Dealbh de Bhuill ùra Pàrlamaid na h-Alba a chaidh a thaghadh ann an taghadh 2011.

Chaidh an ceathramh taghadh do Phàrlamaid na h-Alba a chumail 5 Cèitean. Chaidh Riaghaltas a stèidheachadh le Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba às dèidh dhaibh a' mhòr-chuid de na suidheachain a bhuannachadh.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000





## 2012

### PÀRLAMAID NA RÌOGHACHD AONAICHTE AIR GABHAIL RI ACHD NA H-ALBA 2012

**Linda Fabiani BPA, Neach-gairm Comataidh Bile na h-Alba ann am Pàrlamaid na h-Alba le aithisg na comataidh.**

Air 1 Cèitean, fhuair Achd na h-Alba 2012 Aonta Rìoghail an dèidh do Phàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte gabhail rithe. Thug i barrachd chumhachdan do Phàrlamaid na h-Alba. Mar eisimpleir, faodaidh Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh a-nis air an ìre de dheoch a' dràibheadh agus air crìoch an astair air na rathaidean. Tha cumhachdan ùra ann gus cìs air lìonadh-talmhainn agus cìsean-fearainn cuspair-stampaichean (*stamp duty land taxes*) a thogail agus ìre de chis teachd-a-steach a shuidheachadh airson na h-Alba agus thig iad seo an gnìomh thairis air na bliadhnaichean air thoiseach. Sheall Pàrlamaid na h-Alba ris na molaidhean seo sa bhile agus thug e cead reachdail do Phàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte sa Ghiblean 2012.

1200

1300

1400

1500


1600

1700

1800

1900

2000



## 2013

### AN 200MH ACHD LE PÀRLAMAID NA H-ALBA AIR A H-AONTACHADH

**Am Barantas Rìoghail agus an Seala Mòr air an 200mh Achd aig Pàrlamaid na h-Alba.**

Air 28 Ògmhios, b' e Bile Drochaid-rathaid an Fhoirthe an 200mh Achd le Pàrlamaid na h-Alba a fhuair Aonta Rìoghail.

An dèidh aonta ris a' Bhile le A Mòrachd A' Bhanrigh, thathar a' cur Seula Mòr na h-Alba, air a bheil an Seula Albannach mar ainm cuideachd, ris a' Bharantas Rìoghail.

## 2014

### REIFREANN 2014 AIR NEO-EISIMEILEACHD DO DH'ALBA

**Air 18mh Sultain, chaidh reifreann a chumail gus faighneachd do mhuinntir na h-Alba “Am bu chòir do dh'Alba a bhith na dùthaich neo-eisimeileach?”**

Chaidh cumhachan an reifreinn agus a' cheist a bhite a' faighneachd aontachadh leis a' Phrìomh Mhinistear agus am Prìomhaire ann an Aonta Dhùn Èideann 2012. B' e toradh an reifreinn, 55.3% a bhòt Cha Bu Chòir, agus 44.7% Bu Chòir. Bhòt 84.6% de na daoine a chlàraich airson bhòtadh.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



### 2015

## ÒIGRIDH 16 IS 17 BLIADHNA A DH'AOIS A' FAIGHINN CÒIR BHÒTAIDH ANNS A H-UILE TAGHADH ALBANNACH

### Òigridh a' coinneachadh aig Pàrlamaid na h-Alba

Chaidh Bile Taghaidhean Albannach (Ìsleachadh na h-Aoise Bhòtaidh) aontachadh air 18 Ògmhios. Faodaidh a h-uile duine a tha 16 is 17 bliadhna a dh'aois, ma tha iad a' coileanadh na tha a dhìth airson a' chlàir-bhòtaidh, a-nis a bhith a' bhòtadh ann an taghaidhean airson Pàrlamaid na h-Alba agus airson riaghaltas ionadail.



### 2016

## PÀRLAMAID NA RÌOGHACHD AONAICHTE A' GABHAIL RI ACHD NA H-ALBA 2016

### Achd na h-Alba 2016

Fhuair Achd na h-Alba Aonta Rìoghail air 23 Màrt. Tha an Achd a' libhrigeadh an aonta a rinneadh le Coimisean Mhic a' Ghobhainn agus tha i a' toirt thairis gu Pàrlamaid na h-Alba agus/no Ministearan na h-Alba raon farsaing de chumhachdan, nam measg cumhachdan air cìsean agus air sochairean sòisealta.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



## 2016

### AN CÒIGEAMH TAGHADH AIRSON PÀRLAMAID NA H-ALBA, 5 CÈITEAN

**Dealbh de Bhuill Pàrlamaid na h-Alba a chaidh a thaghadh aig an taghadh 2016.**

Chaidh an còigeamh taghadh airson Pàrlamaid na h-Alba a chumail air 5 Cèitean. Mar thoradh air na taghaidhean, 'se Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba a tha na ath Riaghaltas sa bheag-chuid.

1200

1300

1400

1500

1600

1700

1800

1900

2000



# Buidheachas

Bu mhath leinn taing a thoirt do Chlàran Pàrlamaidean na h-Alba airson na thug iad dhuinn de chuideachadh leis a' chlàr-ama.

Is e a tha ann an Clàran Pàrlamaidean na h-Alba stòr-dàta a ghabhas rannsachadh anns a bheil gnothaichean pàrlamaid na h-Alba bhon chiad achd a tha air mhaireann ann an 1235 gu Aonadh 1707. Is e na thoradh de bharrachd is deich bliadhna de dh'obair le luchd-rannsachaidh aig Tionnsgnadh Pàrlamaid na h-Alba ann an Sgoil Eachdraidh Oilthigh Chill Rìmhinn, tha an tionndadh air an Lìon a' feuchainn gum bi an goireas eachdraidheil cudromach seo ri fhaotainn do na h-uile ann an riochd a tha adhartach a thaobh teicneòlais dheth agus cuideachail don luchd-chleachdaidh.

Airson barrachd fiosrachaidh, thoiribh sùil air [www.rps.ac.uk](http://www.rps.ac.uk)

### Thoiribh fa-near

Chan eil Pàrlamaid na h-Alba an urra ri stuth a nochdas air làraichean-lìn air an taobh a-muigh.

# Buidheachas airson nan Ìomhaighean

Buinidh na h-ìomhaighean is na dealbhan uile do chòraichean na Pàrlamaid. © Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba ach:

## 1200

1235 Tasgaidhean Nàiseanta na h-Alba.  
1293 © Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)

## 1300

1309 © Urras Nàiseanta na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1357 © Taighean-tasgaidh na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)

## 1400

1424 Clàran Pàrlamaidean na h-Alba.  
1425-26 Taigh-tasgaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba.  
1436 © Leabharlann Nàiseanta na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1445 Hulton Archive / Getty Images.  
1455 © Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)

1458 & 1471 Clàran Pàrlamaidean na h-Alba.  
1496 © Tasgaidhean Nàiseanta na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)

## 1500

1532 © Coimisean Rìoghail mu Charraighean Àrsaidh is Eachdraidheil na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1560 © Lennoxlove House Ltd.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1563 © Oilthigh Ghlaschu / Newes from Scotland 1597. Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1579 Clàran Pàrlamid na h-Alba.  
1587 Tasgaidhean Nàiseanta na h-Alba.

## 1600

1604 Taigh-tasgaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba.  
1632 © Leabharlannan Baile Dhùn Èideann.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1633 © Urras Nàiseanta na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1638 © Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)

# Buidheachas airson nan Ìomhaighean

- 1640 Clàran Pàrlamaidean na h-Alba.  
1652-60 © Tasgaidhean na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1661 Hulton Archive / Getty Images  
1669 © Lennoxlove House Ltd.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1689 & 1696 © Tasgaidhean na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)

## 1700

- 1707 © Tasgaidhean na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1762 Hulton Archive / Getty Images

## 1800

- 1832 © Urras Taigh-tasgaidh Bhigear.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1867 © Leabharlann Meadhanach Dhùn Deagh.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1892 Hulton Archive / Getty Images

## 1900

- 1918 © Seirbheis Taobh an Ear, Taighean-tasgaidh Chomhairle Fìobha.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1939 © Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1945 © Punch. Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1979 & 1989 © The Scotsman Publications Ltd.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1997 © Tasgadh Beatha na h-Alba.  
Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)  
1998 © David Black. Cead [www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk)

Na h-ìomhaighean eile © SPCB

Chan fhaodar mìr sam bith den chlàr-ama fhoillseachadh, ann an cruth no air mhodh sam bith, gun chead bho Phàrlamaid na h-Alba ro làimh.